

Address:  
110 George Street  
Edinburgh  
EH2 4LH

Telephone:  
0131 477 1234  
Fax:  
0131 477 4567

Website:  
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk)



## Fios naidheachd

Air a bhacadh gu 00.01 Diardaoin, 17 Lùnastal 2006

### 'Iomagain' a' Choimisein mu chion adhartais na comhairle air Feabhas luach

**An-diugh dh'fhoillsicheadh sgrùdadh Feabhas Luach a' Choimisean Chunntasan air Comhairle nan Eilean Siar, ag ainmeachadh grunn roinnean coileanaidh far am feum a' chomhairle leasachadh a dhèanamh.**

Thuirt Isabelle Low, iar-chathraiche a' Choimisean Chunntasan: "Tha iomagain òirnn nach urrainn don chomhairle gealltainn aig an àm seo gun dèan i leasachadh leantainneach a bhios air a shnìomh a-steach dha na dòighean-obrach aice. Às aonais seo, 's ann nas doirbhe a dh'fhàsas e don Chomhairle libhrigeadh èifeachdach a thoirt do shluagh nan Eilean Siar."

Tha cùisean iomagain sònraichte a' gabhail a-steach:

- Cha deach modhan Feabhas Luach a dhealbhadh agus a thoirt a-steach
- Cion ullachadh rianachd coileanaidh teann
- Cha toir fiosrachadh air coileanadh, aig a' char as fheàrr, ach dealbh measgachta de libhrigeadh seirbheis
- Droch dhàimh obrach ris a' bhòrd slàinte.

Tha an aithisg a' toirt cunntas iomlan air cumadh-tìre agus eachdraidh na comhairle agus mar a tha na duilgheadasan a tha cumanta do dh'ùghdarrasan ionadail aig na h-Eileanan an Iar cuideachd, gu tric ann an dòighean mòran nas miosa.

Tha aithne aice cuideachd air na buannachdan agus neartan air am faodar togail mar com-pàirteachadh coimhearsnachd làidir, stiùireadh le buill thaghte gnìomhach agus dealasach agus stiùbhartachd ionmhasail èifeachdach le dòigh-obrach ro-innleachdail airson dealbhadh calpa.

Ach, cho-dhùin a' Choimisean gum feum a' chomhairle dòigh-obrach le barrachd fòcas agus gum feum atharrachadh a bhith nas luaithe mus fhaigh i air dèiligeadh ri na dùbhlain a tha roimhe.

Thuirt Isabelle Low: "Tha e na mhiseachd dhuinn gu bheil a' chomhairle air a' Cheannard ùr a bharrantachadh airson sgrùdadh bun gu bàrr a dhèanamh air mar a tha an t-ùghdarras ag obrachadh agus tha sinn a' coimhead air adhart ri Plana Leasachaidh fhaighinn bhon chomhairle a tha a' toirt stòrasan, dleastanasan agus raointean-ama sònraichte gus an clàr-gnothaich cudromach seo a libhrigeadh."

Crìoch

**Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Leon Thompson fòn: 0131 624 9974 no Anne McCubbin fòn: 0131 624 9970**

(Comhairle nan Eilean Siar – Nigel Scott fòn: 01851 709 389; COSLA – Daibhidh Ceanadach fòn: 0131 474 9205)

#### Fios do Luchd-deasachaidh:

1. Bha Coimisean Chunntasan na h-Alba air a stèidheachadh ann an 1975 agus tha e neo-eisimeileach bhon riaghaltas nàiseanta agus ionadail. Bidh a' Choimisean a' dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail, agus bùird smàlaidh agus poileis a' caitheamh £9 billean de dh'airgead poblach ann an dòigh iomchaidh agus èifeachdach.
2. 'S e Feabhas Luach dleastanas nan ùghdarrasan ionadail a bhith a' sealltainn an ùidh leantainneach airson seirbheisean nas fheàrr a thoirt do shluagh an àite. Tha an aithisg a chaidh fhoillseachadh an-diugh a' toirt fiosrachadh air dè cho ullaichte 's a tha Comhairle nan Eilean Siar gus leasachadh a libhrigeadh.

3. Tha an Sgrùdadh Feabhas Luach air a dhèanamh le Sgrùdadh na h-Alba às leth a' Choimisean Chunntasan. Tha e a' coinneachadh ri Achd Riaghaltas Ionadail an Alba 2003, a thug cumhachd ùr do chomhairlean a bhith a' brosnachadh no a' leasachadh soirbheas na roinne aca agus nan daoine a tha a' fuireach ann agus uallaichean ùra mar:
  - ullachadh a nì Feabhas Luach cinnteach, air a mhineachadh mar 'leasachadh leantainneach ann an coileanadh ghnìomhan an ùghdarrais, le aire air comas, èifeachdas, eaconamaidh agus co-ionannachd chothroman.
  - coileanadh an dleastanasan ann an dòigh a tha a' cur ri leasachadh seasmhach
  - cumail suas pròiseas dealbhadh coimhearsnachd
  - ullachadh airson aithris a thoirt don phoball mun choileanadh aca
  - coinneachadh ri riaghailtean ùra co-cheangailte ri malairt.
4. 'S iad na Prìomh Nithean san Sgrùdadh:
  - Tha an cudrom air coileanadh gach comhairle thar ùine seach coimeas a dhèanamh eadar comhairlean. Tha e a' coimhead ri eadar-dhealachadh ann am prìomh-amasan, cuingeadan agus cothroman ionadail agus mar sin chan eil clàir-liog agus sgòran iomchaidh.
  - Bidh na 32 comhairlean fa leth an Alba air an sgrùdadh timcheall air aon uair anns gach trì bliadhna. Bheir gach sgrùdadh mu 20 seachdain bho thoiseach gu crìch.
  - Leanaidh gach sgrùdadh gu aithris chun a' Choimisean Chunntasan
  - Bidh aithisg air a foillseachadh às dèidh gach sgrùdadh fa leth.
  - Anns a' chuid as motha de chùisean bidh Prìomh Thoraidhean bhon Choimisean air am foillseachadh aig an aon àm ris an Aithisg. Ach, tha cumhachd aig a' Choimisean cuideachd: Iarraidh air an Rianadair Sgrùdaidh tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh ron aithris air toraidhean; rannsachadh a chumail leis a' chomhairle ron aithris air toraidhean; toraidhean fhoillseachadh anns am bi molaidhean don chomhairle agus/no do Mhinistearan na h-Alba.
5. Bidh neach-sgrùdaidh na comhairle bhon taobh a-muigh a' cumail sùil air adhartas agus a' toirt aithris tro sgrùdadh bliadhnail. Mur dèan a' chomhairle adhartas iomchaidh, thèid innse don Choimisean agus 's dòcha gun tèid iarraidh oirre tuilleadh obrach a dhèanamh.

**Gheibhear brath naidheachd iomlan air dòigh-obrachaidh agus amasan Feabhas Luach air làrach-lìn Sgrùdadh na h-Alba:**  
[www.audit-scotland.gov.uk/accounts/pdfs/BestValuebriefingnote.pdf](http://www.audit-scotland.gov.uk/accounts/pdfs/BestValuebriefingnote.pdf)